

9 March 2022

Richard Leonard MSP  
Convenor  
Public Audit Committee  
Room T3.60  
The Scottish Parliament  
EDINBURGH  
EH99 1SP

By e-mail only: [publicaudit.committee@parliament.scot](mailto:publicaudit.committee@parliament.scot)

Dear Mr Leonard

### **The 20/21 Audit of Bòrd na Gàidhlig**

Thank you for your letter of 9 February. We very much welcome the news that the Committee noted significant progress and thank you for your commendation. As our Chair has said on a number of occasions, continuous improvement is now an embedded process in our operations and we will maintain progress, both in our work for Gaelic language and culture and as a public body.

I am pleased to be able to provide information in this response on the two points you raised - key performance indicators and the training and development that board members undertake. I would also be pleased to provide further information if the Committee would find that useful.

#### **Key Performance Indicators**

One of Bòrd na Gàidhlig's principal duties is to prepare a national Gaelic language Plan for Scottish Ministers' consideration and approval every five years. This Plan provides the strategic direction for Gaelic development policy for Government and public bodies in Scotland. The current Plan (2018-2023) has three priority areas – increasing the use of Gaelic; increasing the learning of Gaelic; and promoting Gaelic.

Bòrd na Gàidhlig's 5-year Corporate Plan requires approval by Scottish Ministers and provides our strategic direction and sets out how we will contribute to the National Plan. Our current Corporate Plan has four strategic aims; three are drawn from the National Plan priorities and the fourth relates to developing how Bòrd na Gàidhlig works.

Each year, we set out an Operational Plan which delivers the objectives of our Corporate Plan. Last week, the Board approved the high-level operational plan for 2022/23 which states the nine KPIs for the year ahead. I have included this at Appendix 1.

The context of our work is important to understand as the particular nature of what we do. Gaelic is classed as a “definitely endangered” language by UNESCO. In the last census, out of Scotland's population of 5.259 million, only 87,100 (1.7%) had some Gaelic language skills. Of these 87,100 people (aged 3+) across Scotland,

only 37% had full skills in Gaelic<sup>1</sup>. Distilling that further, it becomes clear that the number of people eligible for such a scheme is very, very small.

The Committee asked if a target relating to summer placements funded by Bòrd na Gàidhlig was set and whether there was scope for more than 4 placements to have been achieved. This particular scheme is focused on the traditional communities and is delivered by Comhairle nan Eilean Siar (CnES), with funding from Bòrd na Gàidhlig, and limited to that authority's area. The scheme offers a 10-week placement for students to be undertaken in businesses in the Western Isles.

Many of the opportunities for the scheme are created in the arts and heritage sectors, and due to the uncertainty caused by the pandemic from Spring 2020 onwards, these organisations were severely restricted in their planning and delivery.

Further conditions relating to the funding include:

*That each student and their placement line managers are fluent in Gàidhlig.*

*That apprentices must create video or written diaries (for each week) through the placement.*

In 2019/20 the number of pupils in the Western Isles who sat Advanced Higher Gàidhlig was less than 10<sup>2</sup>, and this was the same in session 2018/19. This shows the small numbers of Gaelic speaking students that are likely to be eligible for a summer placement in a Gaelic-speaking environment.

In light of the challenging circumstances of the summer of 2020, that 4 students completed their business placements is a credit to CnES and the participating businesses.

### **Board member training**

In response to your question on board member training, I am pleased to set out the response below, which includes the most recent information.

The organisation has developed an extensive induction programme for board members (copy attached at Appendix 2). This has been in place for two recruitment cycles and provides a structured approach to training and development. It combines internal induction sessions covering a wide range of topics, including our operating environment, values, policies, and information about the organisation.

Externally delivered training which is required for all new board members includes:

[On Board training](#) - Essential training for Board Members, including practical information and guidance on their roles and responsibilities, ethical standards and other issues of accountability and governance.

---

<sup>1</sup> <https://www.scotlandscensus.gov.uk/documents/2011-census-gaelic-language-report/>

<sup>2</sup> Actual number not provided due to GDPR requirements

[Effective Scrutiny and Challenge](#) - In this half day workshop, attendees will learn about the key pre-requisites to enable effective scrutiny and challenge to take place, the characteristics of effective scrutiny and how to scrutinise in practice.

[Effective Audit and Risk Committee](#) - In this half day workshop, delegates will gain a detailed understanding of the roles and responsibilities of the Audit and Risk Committee and practical guidance on the critical success factors that will determine whether or not an Audit and Risk Committee is successful.

There is a scheduled post-induction review meeting between the new board member and the Chair and Ceannard to discuss effectiveness of induction and learning points for the organisation.

Across the organisation there is in place a six-monthly system for all board members and staff to identify their personal learning needs through the Personal Development Plan process, and an annual appraisal process undertaken by the Chair with individual board members.


A recent board effectiveness review carried out by our internal auditors was presented to the Board at its meeting on 3 March 2022. In presenting the report, the internal auditor stated that in his view our training and development systems for board members were sector-leading which was very re-assuring.

This review is part of the self-reflection processes that we undertake and follows on from internal self-effectiveness reviews carried out in 2020 and 2019. Both committees of the board also undertake self-assessments of effectiveness which is another route to identifying training and development needs. These are included in our continuous action plan to ensure that there are progressed.

The report on training and development presented to the Board annually clearly demonstrates the training cycle loop of needs identification, action taken and evaluation of impact.

I trust that this information is helpful and would be pleased to supply any further that the Committee might require.

Yours sincerely



Shona C MacLennan  
Ceannard

Appendix 1 - Operational Plan 2022/23 (English translation)

Appendix 2 - Board Member induction pack



## **Plana Gnìomh 2022-23**

## Clàr-innse

1. Ro-ràdh .....	3
2. Ar n-Àrd-amas .....	4
3. Ar Prìomhachasan ro-innleachdail.....	4
4. Ar Prìomhachasan, Dòighean-mheasaidh is Buill.....	5
5. A' toirt Taic do dh'Adhbhar Riaghaltas na h-Alba .....	15

# 1. Ro-ràdh

'S e am plana seo an còigeamh plana gnìomh bliadhnail, stèidhichte air Plana Corporra Bhòrd na Gàidhlig airson 2018-23. Chaidh am plana seo ullachadh le bhith a' dèanamh lèirmheas air a' Phlana Chorporra, air cur an gnìomh Plana Gnìomh 21/22 agus nan trì planaichean gnìomh ron sin, agus le bhith a' coimhead air suidheachaidhean ùra is suidheachaidhean a barrachd.

Ach gu dearbha, tha e a' toirt feart air nithean ùra a tha fhathast a' toirt buaidh nach beag air mòran, mura bheil a h-uile gin, de na raointean obrach againn. Is iad an dà fhactar as motha Covid-19 agus a' bhuaidh aige air ar dùthaich, coimhearsnachdan, luchd-ùidh agus air ar buidheann; agus an deasbad mu sheasmhachd nan coimhearsnachdan dùthchail is eileanach.

Thèid am Plana seo air adhart dhan Bhòrd-stiùiridh air 2 Am Màrt 2022 airson aontachadh agus 's e amas na buidhne an obair seo uile a libhrigeadh.

Bidh sinn gu tric a' dèanamh lèirmheas air a' Phlana gus aghaidh a chur air na dùbhlannan a th' ann aig an àm seo agus a tha ri thighinn, agus gus cothroman a ghabhail nuair a nochdas iad.

Shona C NicIllinnein  
Ceannard

## 2. Ar n-Àrd-amas

Gum bi a' Ghàidhlig air a faicinn is air a cluinntinn gu làitheil air feadh Alba, chun na h-ìre 's gum bi i air a h-aithneachadh mar phàirt bunaitich de bheatha muinntir na h-Alba agus mar chànan prìseil a tha a' cur ri cultar is eaconamaidh na dùthcha.

## 3. Ar prìomhachasan ro-innleachdail

Seo na prìomhachasan a tha sinn airson a thoirt gu buil airson 2023:

1. **Gum bi barrachd dhaoine a' cleachdadh Gàidhlig agus a' faotainn bhuannachdan bhon chànan nan obair, aig an taigh agus sna coimhearsnachdan aca**
2. **Gum bi barrachd cothroman ann do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhasa dhaibh na cothroman sin a ghabhail**
3. **Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil do chànan is cultar na Gàidhlig**
4. **Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige**

Tha am Plana Corporra a' toirt cunntas farsaing air na dòighean sam bi sinn ag obair gus ar dleasan a choileanadh a thaobh diofar phàirtean den Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23. Bidh Bòrd na Gàidhlig ag ath-sgrùdadh a' Phlana Corporra gach bliadhna agus ullaichidh sinn plana gnìomh bliadhnail agus gheibhear targaidean sa Phlana sin airson gach gnìomh a chithear sa Phlana Corporra.

## 4. Ar Prìomhachasan, Dòighean-mheasaidh is Buill

### 4.1 Gum bi barrachd dhaoine a' cleachdadh Gàidhlig agus a' faotainn bhunnachdan bhon chànan nan obair, aig an taigh agus sna coimhearsnachdan aca

Ma tha a' Ghàidhlig a' dol a leantainn mar chànan beò, feumaidh daoine a cleachdadh. Tha e na amas dhuinn barrachd dhaoine a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh Gàidhlig nas trice agus ann am barrachd shuidheachaidhean agus taic a thoirt dhaibh airson sin a dhèanamh.

Tha daoine òga fìor chudromach don iomairt gus Gàidhlig a chumail beò. Tha fiosrachadh a chaidh fhoillseachadh o chionn ghoirid a' sealltainn gu bheil mu 50% de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach ann an coimhearsnachdan eileanach is dùthchail agus gu bheil an 50% eile a' fuireach ann am bailtean is bailtean-mòra.

Tha sin a' ciallachadh gum feum dà iomairt a bhith againn gus barrachd dhaoine a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh Gàidhlig – aon a bhios a' toirt spionnadh as ùr do choimhearsnachdan eileanach is dùthchail is tèile a bhios a' toirt taic do na coimhearsnachdan Gàidhlig a tha a' sìor fhàs nas motha sna bailtean is bailtean-mòra – agus bidh an dà iomairt sin a' cur cuideam air daoine òga.

Tha na buannachdan a thig bho bhith a' cleachdadh na Gàidhlig a' sìor fhàs nas follaisiche – buannachdan eaconamach, cultarach agus sòisealta. Bidh na h-ealain Ghàidhlig gu h-àraidh a' cur gu mòr ris na buannachdan sin, agus a' toirt oirnn ceist a chur san status quo agus a bhith a' meòrachadh air beachdan is dòighean-smaoineachaidh ùra. Bidh iad sin, còmhla ri iomadh raon eile, a' cur ri fàs san eaconamaidh mar a chaidh a dhearbhadh le rannsachaidhean thairis air na beagan bliadhnaichean mu dheireadh.

### DÈ NÌ SINN – Ar Prìomhachasan Phlana Corporra

Le sùil air a' Ghàidhlig, thèid sinn gu mòr an sàs san obair a leanas:

- A' comharrachadh chnapan-starra, tro rannsachadh, a bhios a' cur bacadh air daoine bho bhith a' cleachdadh na Gàidhlig agus a' dealbh ro-innleachdan a chuireas às dhaibh
- A' dealbh ro-innleachdan a dh'aona-ghnothach airson frithealadh air feumalachdan nan coimhearsnachdan dùthchail is nam bailtean nas motha agus airson brath a ghabhail air na cothroman a th' ann dhaibh, feuch am bi coimhearsnachdan Gàidhlig nas làidire ann
- A' cur ris na th' ann de chothroman do dhaoine òga gus sgilean obrach ionnsachadh agus gus cur ri buaidh eaconamach na Gàidhlig, tro cho-obrachadh le buidhnean iomairt is sgilean



- A' toirt taic do bhuidhnean is daoine fa leth airson barrachd chur-seachadan, thachartasan is ghoireasan a chur air dòigh, agus feadhainn nas fheàrr, do dhaoine òga agus a' toirt taic do dh'fheadhainn a thèid a chur air dòigh le daoine òga
- A' cur iomairtean air dòigh ann an co-bhuinn ri buidhnean poblach, prìobhaideach agus bhon treas roinn a bheir meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an àiteachan-obrach
- A' cuideachadh le bhith a' cur ri comasan, sgilean agus seasmhachd ann an roinn nan ealain
- A' cur barrachd chothroman, is cothroman nas fheàrr, air adhart far am bi teaghaichean a' cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh aca
- A' toirt maoinachadh do dh'iomairtean a bhios a' neartachadh beairteas, buntainneas is cunbhalachd a' chànain

### **A' measadh an adhartais a nì sinn**

Seo na slatan-tomhais a bhios againn gus measadh a dhèanamh air an adhartas a nì sinn.

- Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh
- Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, “Tha a' Ghàidhlig a' dèanamh diofar nam bheatha.”

<p><b>PCC 1 - Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh – tomhas – ag obair le 70 buidhnean poblach air cruthachadh, a' cur an gnìomh agus a' measadh phlanaichean Gàidhlig</b></p>
--

<p>Toraidhean:</p>
--------------------

<p>Gus coimhearsnachdan Gàidhlig a neartachadh, thèid leirmheas a dhèanamh air na cùmhnantan trì-bliadhna leis na 13 prìomh buidhnean libhrigidh agus cuiridh sinn an gnìomh toraidhean an lèirmheis Gus piseach a thoirt air a' phròiseas agus air a' bhuidhean aig an ath chuairt de dh'aontaidhean maoinachaidh.</p>
---

Coileanaidh sinn ar dleastanas reachdail gus dèanamh cinnteach gun tèid planaichean Gàidhlig ullachadh, measadh, ath-sgrùdadh agus ùrachadh.

**PCC 2 - Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh ris an abairt, “Tha a’ Ghàidhlig a’ dèanamh diofar nam bheatha.”**

**– tomhas – cùmhantan ioma-bhliadhna ann airson nam prìomh buidhnean lìbhrigidh Gàidhlig**

Bidh sinn a’ maoineachadh tachartasan Gàidhlig agus buidhnean com-pàirteachais a bhios a’ lìbhrigeadh tachartasan Gàidhlig

Nì sinn cinnteach gum bi a’ Ghàidhlig nas ruigsinniche tro bhith a’ maoineachadh iomairtean air-loidhne làithreach, mar #Cleachdi agus a’ cur taic ri cruthachadh pròiseactan air-loidhne ùra

Bheir sinn taic is comhairle proifeasanta do bhuidhnean gus an cuid eòlais agus misneachd a leasachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig sna tachartasan aca.

## **4.2 Gum bi barrachd cothroman ann do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi e nas fhasa dhaibh na cothroman sin a ghabhail**

Tha a bhith a' brosnachadh agus a' toirt comas do dhaoine aig aois sam bith Gàidhlig ionnsachadh na bhunait gus an àireamh de dhaoine a tha a' cleachdadh Gàidhlig a chur am meud. Is e ar n-amas slighe neach-ionnsachaidh fhaicinn a tha cunbhalach bho na tràth-bhliadhnaichean chun na treas ìre agus nas fhaide air adhart, le solar an dà chuid ann am foghlam foirmeil agus ann an àrainneachdan neo-fhoirmeil.

Tha an cruth-tìre poileasaidh a' toirt buaidh air gach cuid solar agus àireamh nan sgoilearan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) agus tha cothroman ann gus fàs a thoirt air solar ro-sgoile agus bun-sgoile. Tha seo a' crochadh air dèanamh cinnteach gu bheil buaidh COVID-19 air foghlam air a dhèiligeadh ris.

Tha stadastaireachd mu FtG a' sealltainn fàs ann an iarrtas anns na cathair-bhailtean is bailtean mòra, a tha an dà chuid na chothrom is na dhùbhlain. Ann an sgìrean dùthchail agus eileanach le àireamhan-sluaigh a tha a' crìonadh, is e an dùbhlain àireamhan chloinne a chumail suas agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil solar ann. Gus brath a ghabhail air na cothroman agus gus aghaidh a chur ris na dùbhlain, tha feum air àireamhan nas motha de luchd-obrach proifeasanta is de luchd-obrach taice leis na teisteanasan iomchaidh agus anns na h-àiteachan far a bheil iad a dhìth. Feumaidh teaghlaichean taic gus na roghainnean aca a thaobh Gàidhlig a chur an gnìomh agus tha iad fhathast aig cridhe soirbheas FtG.

Anns a' bhliadhna mu dheireadh, chunnacas fàs air leth ann an ionnsachadh inbheach, gu sònraichte tro Duolingo. Is e LearnGaelic.scot, an com-pàirteachas le MG ALBA agus buidhnean eile, agus an iomairt ùr SpeakGaelic, a' phrìomh ro-innleachd againn airson taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh inbheach, agus le barrachd leasachaidhean ann an teicneòlas, tha e a' toirt dhuinn barrachd dhòighean gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh ann an àite sam bith. Is e a bhith a' toirt comas do luchd-ionnsachaidh fileantas a ruigsinn fear de na prìomh nithean gus fàs a thoirt air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig.

Tha sgilean cànan dreuchdail is proifeiseanta cuideachd a dhìth air daoine, agus airson cuideachadh le sin feumar barrachd chùrsaichean a dhealbh agus a lìbhrigeadh. Obraichidh sinn ann an com-pàirt le daoine eile gus na cothroman a ghabhail agus dèiligeadh ris na dùbhlain, agus sinn a' lorg fhuasglaidhean innleachdach stèidhichte air fianais a chuidicheas daoine agus buidhnean.

### **DÈ NÌ SINN – Ar Prìomhachasan Phlana Corporra**

Thèid sinn gu mòr an sàs san obair a leanas:

- A' toirt comhairle seachad air poileasaidhean agus a' toirt stiùireadh don obair gus ro-innleachdan a dhealbh airson foghlam na Gàidhlig

- Ag obair còmhla ri buidhnean de phàrantan is buidhnean buntainneach gus fàs a thoirt air FtG
- A' cur iomairtean air dòigh le luchd-compàirt gus barrachd taice a thoirt do theaghlaichean nuair a tha a' chlann aca aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean
- A' toirt taic do luchd-compàirt gus cothroman ionnsachaidh proifeiseanta a chruthachadh is a libhrigeadh leis an amas gum bi barrachd luchd-obrach ann agus barrachd sgilean aig luchd-obrach
- A' cur tuilleadh ghoireasan do luchd-ionnsachaidh is oidean air dòigh air LearnGaelic.scot ann an com-pàirt le MG ALBA feuch am bi goireasan ann airson ìrean nas adhartache a chuidicheas inbhich gu bhith a' ruighinn fileantachd
- A' brosnachadh dhaoine gu bhith a' cleachdadh teicneòlas ùr gus barrachd dhòighean-ionnsachaidh is dòighean-ionnsachaidh nas èifeachdaiche a thoirt do dh'inbhich
- A' toirt taic do chothroman dreuchdail agus ionnsachadh proifeiseanta airson luchd-obrach proifeiseanta is luchd-obrach taice a tha ag obair ann am foghlam, agus a' dèanamh sanasachd air na cothroman is air an ionnsachadh sin

#### **A' measadh an adhartais a nì sinn**

Seo na slatan-tomhais a bhios againn gus measadh a dhèanamh air an adhartas a nì sinn.

- 3. Barrachd taic do sholar sna Tràth-bhliadhnaichean (Tb)**
- 4. Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart**
- 5. Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, “Tha mi air na sgilean Gàidhlig agam a thoirt air adhart.”**

**PCC 3 Barrachd taic do sholar sna Tràth-bhliadhnaichean Builean ris a bheilear an dùil – tomhas – Maoineachadh air a thoirt do sholar tràth-bhliadhnaichean tron Ghàidhlig**

Bheir sinn taic is comhairle don Phaidhleat Nàiseanta air Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig agus cumaidh sinn taic ris a t-solar uile sna tràth-bhliadhnaichean tron Ghàidhlig agus brosnachidh sinn daoine gus dreuchdan fhaighinn ann an solar 0-3 FtG

**PCC 4 Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart Builean ris a bheilear an dùil – tomhas – Stiùireadh**

**Reachdail airson Foghlam Gàidhlig air ùrachadh**

Libhrigidh sinn taic phroifeasanta agus comhairle do na sruthan-obrach iomchaidh ann an Adhartas nas Luaithe

Libhrigidh sinn taic agus comhairle do dh'Ùghdarrasan Ionadail ann a bhith a' libhrigeadh eisimpleir de thuairisgeul obrach airson luchd-taic cànan ann am FtG

Libhrigidh sinn taic phroifeasanta and comhairle do na buidhnean nàiseanta ùra a thèid a chur air bhog (SQA/FoghlamAlba/HMIE)

Ullachaidh sinn pàipear lèirmheis air an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig

Libhrigidh sinn taic ann an leasachadh Ceannardais san feachd-obrach FtG

**PCC 5 Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, “Tha mi air na sgilean Gàidhlig agam a thoirt air adhart.”**

**– tomhas – Goireasan B1 agus B2 SpeakGaelic air ullachadh**

Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic do dh'iomairtean SpeakGaelic is LearnGaelic.

### **4.3 Gum bi barrachd dhaoine ann an Alba taiceil is bàidheil do chànan is cultar na Gàidhlig**

Bidh iomadh nì a' cur ris a' mhisneachd a th' aig daoine cànan ionnsachadh is a chleachdadh. 'S e aonan dhiubh sin inbhe is ìomhaigh a' chànan. Tha sgrùdaidhean a chaidh a chumail o chionn beagan bhliadhnaichean a' sealltainn gu bheil beachdan taiceil aig 81% de shluagh na h-Alba mu chànan is cultar na Gàidhlig agus rè ùine a' Phlana Chorporra seo tha sinn air a chur romhainn an àireamh sin a chur suas.

Tha an t-àite a th' aig a' Ghàidhlig ann an saoghal poilitigs fìor chudromach don iomairt gus inbhe nas àirde a ghleidheadh don chànan agus 's e an obair a nì sinn ann an com-pàirt ri Riaghaltas na h-Alba, comhairlean, Ùghdarrasan Polach agus pàrtaidhean poilitigeach a chuidicheas leis an iomairt seo.

Feumar oidhirpean a dhèanamh gus freagairt a thoirt do na beachdan an aghaidh na Gàidhlig a tha a' fàs nas cumanta, agus 's iad sgeulachdan naidheachd dìmeasach as motha a tha a' brosnachadh leithid a bheachdan, thoradh faodaidh ìomhaigh na Gàidhlig sna meadhanan buaidh a thoirt air na co-dhùnaidhean aig daoine fa leth, teaghlaichean agus coimhearsnachdan a thaobh a bhith ag ionnsachadh is a' cleachdadh na Gàidhlig. Leis na gnìomhan na leanas, tha e na amas dhuinn beachdan dhaoine atharrachadh – bho nàimhdeil gu neo-phàirteach; bho neo-phàirteach gu taiceil; bho thaiceil gu ag ionnsachadh; bho ag ionnsachadh gu a' cleachdadh na Gàidhlig.

#### **DÈ NÌ SINN – Ar Prìomhachasan Phlana Corporra**

Thèid sinn gu mòr an sàs san obair a leanas:

- A' dèanamh cinnteach gum bi buaidh nas motha aig Phlanaichean Gàidhlig air cùisean agus a' toirt taic do dh'Ùghdarrasan Poblach gus sanasachd a dhèanamh air an obair a nì iad don Ghàidhlig
- A' toirt fhreagairtean seachad do cho-chomhairleachaidhean poblach co-cheangailte ri cuspairean no raointean a bhuineas ris a' Ghàidhlig
- A' togail bratach na Gàidhlig an lùib thachartasan is iomairtean nàiseanta is eadar-nàiseanta, leithid 'Na Bliadhna airson...', airson dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig na pàirt follaiseach dhiubh
- A' dèanamh cinnteach gum bi na meadhanan a' tuigsinn agus a' mothachadh do na teachdaireachdan taiceil is brosnachail mun Ghàidhlig
- Ag obair còmhla ri luchd-compàirt airson iomairtean a dhealbhadh is a chur an gnìomh a bheir taic do dh'ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig
- Ag obair còmhla ri buidhnean foghlaim is leasachadh sgilean gus innse do dhaoine mun àite a th' aig a' Ghàidhlig ann an Alba, na cothroman obrach a gheibhear leis a' chànan agus na buannachdan a gheibh an luchd-labhairt bhon Ghàidhlig

- A’ dealbh ro-innleachdan a nì cinnteach gun dèan Bòrd na Gàidhlig am feum as motha de dh’obair thosgairan na Gàidhlig

### **A’ measadh an adhartais a nì sinn**

Seo na slatan-tomhais a bhios againn gus measadh a dhèanamh air an adhartas a nì sinn.

- 6. A’ dèanamh cinnteach gu bheil barrachd àite aig a’ Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha fhosgailte le iomadh taobh is cultar**
- 7. Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, “Tha a’ Ghàidhlig cudromach do dh’Alba.”**

<b>PCC 6 A’ dèanamh cinnteach gu bheil barrachd àite aig a’ Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha fhosgailte le iomadh taobh is cultar – tomhas – Plana Nàiseanta ùr air aontachadh ro 31 Am Màrt 2023</b>
Cuiridh sinn crìoch air a’ cho-chomhairleachadh reachdail airson PCN#4 agus bheir sinn do Mhinistearan na h-Alba e airson aonta ann an ùine gu leòr airson dèanamh cinnteach gun tèid aontachadh airson cur an gnìomh bho 1 An Giblean 2023.
Nar dleastanas tagraidh, cuiridh sinn freagairtean a-steach do cho-chomhairlean poblach gus dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh air a’ Ghàidhlig ann an leasachaidhean a tha san amharc agus cumaidh sinn oirnn ag obair le buidhnean gus poileasaidhean Gàidhlig a thoirt a-steach a neartaicheas àite na Gàidhlig nan cuid obrach agus ghnìomhan.
Nì sinn sgrùdadh air na cothroman a th’ ann gus seirbheis fiosrachaidh a stèidheachadh gus fiosrachadh agus oideachadh a thoirt seachad mun Ghàidhlig agus a cultar.
<b>PCC 7 Bidh barrachd dhaoine ag aontachadh leis an abairt, “Tha a’ Ghàidhlig cudromach do dh’Alba.” – tomhas – Aithisg ‘Thuirt sibh, rinn sinne’ air fhoillseachadh às a’ cho-chomhairleachadh air PCN#4</b>
Cumaidh sinn oirnn a’ toirt seachad iomairtean sanasachd gus taic a chumail ri FtG agus libhrigidh sinn iomairtean mu na dreuchdan a tha rim faighinn ann am FtG
Cruthaichidh sinn dòighean gus taisbeanadh mar a tha diofar Phlanaichean reachdail a’ cur an gnìomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus a’ co-roinn deagh chleachdadh
Coimiseanaidh sinn rannsachadh air a’ cheangal eadar Gàidhlig agus sunnd gus iomairt fhiosrachadh airson àite na Gàidhlig aithneachadh mar eileamaid de shunnd ann an Alba

#### **4.4 Gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige**

Gus ar n-àrd-amas, prìomhachasan ro-innleachdail agus gnìomhan a thoirt gu buil, feumaidh sinn na dòighean sa bheil sinn ag obair le càch agus taobh a-staigh Bhòrd na Gàidhlig fhèin atharrachadh. Tha sinn ag obair le buidseat gu math teann agus tha fios againn gu bheil am poball a' sùileachadh gum bi buidhnean leithid sinn fhìn daonnan a' faighinn luach an airgid às ar cuid ionmhais. Feumaidh sinn cumail oirnn a bhith cruthachail is innleachdach nar n-obair agus a bhith a' toirt brosnachadh do chàch ma tha sinn a' dol a choileanadh ar n-amasan taobh a-staigh a' bhuidseit againn.

Tha an luchd-obrach againn fìor chudromach do mar a thèid am Plana Corporra a choileanadh. 'S e stòras prìseil a th' annta a tha a' leigeil le Bòrd na Gàidhlig obrachadh thar iomadh raon is roinn, ann an com-pàirt ri grunn bhuidhnean.

#### **Gnìomhan**

- Bheir sinn taic is brosnachadh do ar luchd-obrach feuch an coilean iad gach nì as urrainn dhaibh agus sinn a' toirt nan cothroman tràanaidh is ionnsachaidh agus nan goireasan dhaibh a tha dhìth orra gus na dreuchdan aca a choileanadh
- Bidh sinn a' brosnachadh dhòighean-obrach innleachdach air feadh ar n-obrach
- Obraichidh sinn ann an com-pàirt le daoine eile agus sinn a' togail cheanglaichean taobh a-staigh na buidhne agus le buidhnean eile le oifigearan, luchd-stiùiridh agus Buill Bùird nam buidhnean sin
- Nì sinn soilleir, tro chonaltradh èifeachdach, cò sinn agus dè tha sinn airson a choileanadh nar n-obair
- Bidh sinn fosgailte agus cunntachail, agus sinn a' sgaoileadh fiosrachadh a tha furasta a thuigsinn gu tric agus gun dàil
- Cuiridh sinn ri iomadachd is in-ghabhail
- Nì sinn cinnteach gu bheil na co-dhùnaidhean a nithear stèidhichte air fianais dhearbhte agus gu bheil fianais sàr-mhath againn le bhith a' toirt taic-airgid do rannsachadh agus iomairtean gus eòlas a cho-roinn
- Bidh sinn a' sìor leasachadh ar modhan-riaghlaidh corporra



## **A' measadh an adhartais a nì sinn**

Seo na slatan-tomhais a bhios againn gus measadh a dhèanamh air an adhartas a nì sinn.

- 8. Bidh barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh leis an abairt, “Tha an obair agam aig Bòrd na Gàidhlig a’ còrdadh rium agus tha i a’ dèanamh diofar.”**
- 9. Bidh barrachd de ar luchd-ùidhe ag aontachadh leis an abairt, “Tha Bòrd na Gàidhlig a’ coileanadh a dhleastanasan gu h-èifeachdach agus tha e a’ cur taic ris an obair againne.”**

**PCC 8 Bidh barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh leis an abairt, “Tha an obair agam aig Bòrd na Gàidhlig a’ còrdadh rium agus tha i a’ dèanamh diofar.” – tomhas – Plana Corporra Ùr air a chruthachadh le ceangal dìreach bho Phlana Nàiseanta na Gàidhlig#4 ri planadh agus gnìomhachd Bhòrd na Gàidhlig agus an luchd-obrach aige**

Nì sinn ath-sgrùdadh air na dòighean planaidh, libhrigidh agus sgrùdaidh againn gus dèanamh cinnteach gu bheil an ceangal eadar na gnìomhan obrachaidh againn, am Plana Corporra againn agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig soilleir agus gu bheil an luchd-obrach a’ tuigsinn cho cudromach ‘s a tha an dleastanas aca san obair againn gus Plana Nàiseanta na Gàidhlig a libhrigeadh gu soirbheachail

Nì sinn ath-sgrùdadh air na rèiteachaidhean obrach againn agus soilleirichidh sinn pàtrain obrach eile agus dòighean-obrach measgaichte gus cuideachadh le bhith a’ fastadh agus a’ glèidheadh luchd-obrach.

**PCC 9 Bidh barrachd de ar luchd-ùidhe ag aontachadh leis an abairt, “Tha Bòrd na Gàidhlig a’ coileanadh a dhleastanasan gu h-èifeachdach agus tha e a’ cur taic ris an obair againne.” – tomhas – cruthaichidh sinn ro-innleachd luchd-ùidh le plana gnìomh a tha soilleir agus a ghabhas tomhas**

### **A’ Lùghdachadh Carboin**

Cuiridh sinn am plana siubhail seasmhach againn an gnìomh

## 5. A' toirt Taic do dh'Adhbhar Riaghaltas na h-Alba

### 5. A' Toirt Taic do dh'Adhbhar Riaghaltas na h-Alba

Tha am Frèam Coileanaidh Nàiseanta – ‘Alba a’ Soirbheachadh’ – a’ tomhas agus a’ cumail sùil air mar a tha Alba a’ coileanadh adhbhar is cinn-uidhe ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba. Tha na Builean Nàiseanta a’ toirt stiùireadh do dh’obair bhuidhnean a tha fo sgèith an Riaghaltais agus tha iad a’ toirt dhaibh structar soilleir a thaobh na bu chòir dhaibh a bhith a’ coileanadh nan obair. Le bhith a’ ruighinn air na cinn-uidhe seo còmhla, bidh sinn a’ cuideachadh le bhith a’ dèanamh cinnteach gum bi Alba na dùthaich nas fheàrr airson a bhith a’ fuireach innte agus na dùthaich nas beartaiche is nas soirbheachaile.

Tha am Frèam Coileanaidh Nàiseanta a’ stèidheachadh 11 Builean Nàiseanta a tha a’ cur an cèill na tha an Riaghaltas airson a choileanadh. Ged a tha an obair againn a’ cur gu ìre ris a h-uile buil, cumaidh Bòrd na Gàidhlig sùil gu sònraichte air ar n-ìrean-coileanaidh mu choinneamh seachd dhiubh, an fheadhainn a chithear gu h-ìosal:

‘S iad na builean nàiseanta sin gum bi daoine:

- a’ fàs suas gu sàbhailte le gaol is spèis gus an coilean iad an làn chomasan
  - a’ fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhaltach, cumhachdach, seasmhach is sàbhailte
  - cruthachail agus gum bi na cultaran beòthail is eadar-mheasgte aca air an cur an cèill, agus a’ còrdadh ri daoine, gu farsaing
  - le eaconamaidh a tha farpaiseach aig ìre na cruinne, a tha tionnsgalach, in-ghabhaltach agus seasmhach
  - air an deagh oideachadh is le deagh sgilean agus comasach air cur ris a’ chomann-shòisealta
  - a’ cur luach agus a’ gabhail tlachd nan àrainneachd agus gu bheil iad ga dìon is ga leasachadh
  - le gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach, le deagh obraichean agus obair chothromach ann dhan a h-uile duine
  - fallain agus gnìomhach
  - a’ toirt spèis do chòraichean daonna, gu bheilear gan dìon agus gan coileanadh agus gu bheilear saor bho lethbhreith
  - fosgailte, ceangailte agus a’ toirt deagh bhuidh gu h-eadar-nàiseanta
- ☐ a’ toirt aghaidh air bochdainn tro bhith a’ co-roinn chothroman, beartas agus cumhachd ann an dòigh nas co-ionainn



# **Operational Plan 2022-23**

# Contents

- 1. **Foreword** ..... 3
- 2. **Our Vision** ..... 4
- 3. **Strategic Priorities** ..... 4
- 4. **Our Priorities, Measures and Outcomes** ..... 5
- 5. **Supporting the Scottish Government’s Purpose**..... 13

# 1. Foreword

This is the fifth of our annual operational plans based on Bòrd na Gàidhlig's Corporate Plan 2018-23. The Plan was developed by reviewing the Corporate Plan, the implementation of the 2021/22 Operational Plan along with the three preceding plans, and considering new and additional circumstances.

It does of course take into account developments which continue to have extensive impact on many if not all our areas of operation. The two main factors are Covid-19 and its impact on our country, communities, partners and our organisation, and the debates concerning the sustainability of island and rural communities.

This Plan will be presented to the Board on 2 March 2022 for approval and it is the organisation's intention then to deliver this work in full.

We will regularly revise the contents of the Plan in order to meet current and future challenges, and also to take opportunities where they arise.

Shona C NicIlinnein  
Ceannard

## **2. Our Vision**

Gaelic is seen and heard on a daily basis across Scotland, such that it is widely recognised as an integral part of Scottish life and a national cultural and economic asset.

## **3. Strategic Priorities**

By 2023 the outcomes we want to achieve are:

- 1. More people are using and benefiting from Gaelic at work, at home and in the community**
- 2. Opportunities for people to develop their Gaelic skills at any age have increased and are more accessible**
- 3. More people in Scotland are positive about Gaelic language and culture**
- 4. Bòrd na Gàidhlig continues to develop how it works**

The Corporate Plan provides a picture of the overall framework within which we will work to achieve our responsibilities in delivering elements of the National Gaelic Language Plan 2018-23. Each year, Bòrd na Gàidhlig reviews the Corporate Plan and prepares its annual Operating Plan, with specific actions and supporting measurement metrics for each of the strategic priorities outlined in the Corporate Plan.

## **4. Our Priorities, Measures and Outcomes**

### **4.1 More people are using and benefiting from Gaelic at home, at work and in the community**

#### **Why it matters**

Gaelic being used is critical to the language's sustainability. We aim to support and encourage more people to use it in more situations more frequently. Young people are critical to Gaelic's survival. Recent information showed that about 50% of Gaelic speakers live in island and rural communities and 50% in towns and cities.

This requires a two-fold approach to increasing the use of Gaelic – one geared to re-energising the island and rural communities and the other to supporting the growing Gaelic communities in towns and cities – with both focused on young people.

The benefits of using Gaelic are becoming increasingly evident – in economic, cultural and social terms. The Gaelic arts in particular play a hugely important role in each of these, as well as challenging the status quo and exploring new concepts. They, along with a wide range of other sectors, contribute to economic growth as has been demonstrated in a range of socio-economic impact studies carried out in recent years.

#### **WHAT WE WILL DO – Our Corporate Plan Priorities**

Focusing on Gaelic, we will play a leading part to:

- Identify, through research, barriers to usage and strategies to overcome these
- Develop strategies which are tailored to the distinct needs and opportunities of rural and urban communities, leading to stronger Gaelic communities
- Increase opportunities for young people to develop work-related skills, and the economic impact of Gaelic, through collaboration with enterprise and skills agencies
- Support organisations and individuals to provide more and better activities, events and resources by and for young people
- Develop initiatives in partnership with public, private and third sector organisations which increase Gaelic usage in the workplace
- Help to increase capacity, skills and sustainability in the arts
- Encourage more and better opportunities for families to use Gaelic in the home
- Fund initiatives which strengthen language richness, relevance and consistency

## Measuring our progress

These are the measures that we will use to report our progress.

1. **More opportunities for people to use their Gaelic skills**
2. **More people agree with the statement “Gaelic makes a difference to my life.”**

KPI 1 - More opportunities for people to use their Gaelic skills – measure – work with 70 public bodies on creating, implementing and monitoring Gaelic language plans Outcomes Planned
